N5

Teisteanais
Nàiseanta
2026

X875/75/11 Nuadh-eòlas

DIMÀIRT, 19 CÈITEAN
1:00 F – 3:40 F

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 04–05*

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Neo-ionannachd shòisealta	*duilleag 06*
Pàirt D	Eucoir agus an Lagh	*duilleag 07*
Ceist 14		*duilleagan 08–10*

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 12*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 13*
Ceist 21		*duilleagan 14–15*

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean, feumaidh tu àireamh na ceist a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Feumaidh tu leabhran nam freagairtean agad fhàgail air an deasg agad; mura fàg, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

Teisteanasan Alba
Qualifications Scotland

X8757511

© Teisteanasan Alba 2026

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 04–05*

PÀIRT A — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA

Nad fhreagairtean airson Ceistean 1, 2 agus 3 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich ann an Alba bho chionn ghoirid.

Ceist 1

Tha buidhnean a' cleachdadh raon de mhodhan-obrach airson buaidh a thoirt air cùisean ann an deamocrasaidh.

Tagh aon de na buidhnean gu h-ìosal:

- buidhnean-strì
- aonaidhean-ciùird.

Thoir **cunntas mionaideach** air **dà** mhodh-obrach a thathar a' cleachdadh leis a' bhuidhinn a thagh thu gus buaidh a thoirt air cùisean ann an deamocrasaidh. **4**

Ceist 2

Tha cuid a dhaoine nas buailtiche na feadhainn eile a bhith a' gabhail pàirt ann am poilitigs ann an Alba.

Mìnich, **gu mionaideach, dà** adhbhar gu bheil cuid a dhaoine nas buailtiche na feadhainn eile a bhith a' gabhail pàirt ann am poilitigs ann an Alba. **6**

Ceist 3

Tha dreuchd chudromach aig comataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Mìnich, **gu mionaideach, dà** adhbhar gu bheil dreuchd chudromach aig comataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba. **6**

[Theirig a-nis gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

PÀIRT B — DEAMOCRASAIDH SAN RÌOGHACHD AONAICHTE

Nad fhreagairtean airson Ceistean 4, 5 agus 6 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 4

Tha buidhnean a' cleachdadh raon de mhodhan-obrach airson buaidh a thoirt air cùisean ann an deamocrasaidh.

Tagh aon de na buidhnean gu h-ìosal:

- buidhnean-strì
- aonaidhean-ciùird

Thoir **cunntas mionaideach** air **dà** mhodh-obrach a thathar a' cleachdadh leis a' bhuidhinn a thagh thu gus buaidh a thoirt air cùisean ann an deamocrasaidh. **4**

Ceist 5

Tha cuid a dhaoine nas buailtiche na feadhainn eile a bhith a' gabhail pàirt ann am poilitigs san Rìoghachd Aonaichte.

Mìnich, **gu mionaideach, dà** adhbhar gu bheil cuid a dhaoine nas buailtiche na feadhainn eile a bhith a' gabhail pàirt ann am poilitigs san Rìoghachd Aonaichte. **6**

Ceist 6

Tha dreuchd chudromach aig Taigh nam Morairean ann am Pàrlamaid na RA.

Mìnich, **gu mionaideach, dà** adhbhar gu bheil dreuchd chudromach aig Taigh nam Morairean ann am Pàrlamaid na RA. **6**

[Theirig a-nis gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

Ceist 7

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Toraidhean Taghadh Coitcheann na RA 2024

Sa Chèitean 2024, dh'ainmich am Prìomhaire a bh' ann, Rishi Sunak, gum biodh taghadh coitcheann tràth air a chumail san Rìoghachd Aonaichte air 4mh Iuchar. Bha an taghadh coitcheann ron sin air tachairt air 12na Dùbhlachd 2019. Thàinig an naidheachd mar chùis-iongnaidh do mhòran, leis cho math 's a bha am Partaidh Làbarach a' dèanamh ann an cunntasan-bheachd nàiseanta. Ro-inns na cunntasan-bheachd gu ceart gum buannaicheadh na Làbaraich le mòr-chuid mhòr.

An dèidh iomairt a mhair sia seachdainean, bhuannaich am Partaidh Làbarach mòr-chuid eachdraidheil. Rinneadh Sir Keir Starmer na Phrìomhaire, a' chiad Phrìomhaire Làbarach ann an 14 bliadhna. A' bruidhinn ris an luchd-taice aige, thuirt am Prìomhaire ùr 'Tòisichidh atharrachadh a-nis.' Dh'fhaillich air na Consearbhataich, air an làimh eile, cumhachd a chumail, agus iad a' buannachd nas lugha na cairteal den bhòt. Bha iomadh BP Consearbhataich cliùiteach, Liz Truss agus Grant Shapps nam measg, air na suidheachain aca a chall do thagraichean Làbarach. B' e oidhche shoirbheachail a bh' ann, ge-tà, airson Nigel Farage, agus am partaidh aigesan Reform UK air fàs gu bhith mar an treas partaidh as motha san Rìoghachd Aonaichte a rèir bhòtaichean, agus fhuair iad còignear Bhall Pàrlamaid.

Ann an Alba, bha na toraidhean mar bhriseadh-dùil mòr don SNP. Bha binn an luchd-bhòtaidh air an SNP mì-fhàbharach, agus mòran dhiubh ag atharrachadh an cuid taice air ais don Phartaidh Làbarach. Chunnacas an t-aon sgeul sa Chuimrigh, far an deach am Partaidh Consearbhatach a ghlanadh far a' mhapa phoilitigeach, agus luchd-bhòtaidh a' tionndadh air ais don Phartaidh Làbarach.

Chleachd an Taghadh Coitcheann 2024 siostam-bhòtaidh an àireamh bhòtaichean as motha (FPTP). Fo FPTP, chan eil an àireamh de shuidheachain a gheibh partaidh an-còmhnaidh a' co-fhreagairt ris an àireimh de bhòtaichean a fhuair iad. Tha seo a' ciallachadh nach eil an siostam co-chuideil gu h-iomlan agus, mar thoradh air sin, tha mòran ag argamaid gu bheil FPTP ana-cothromach agus neo-dheamocratach.

STÒR 2

Toraidhean na h-Alba ann an Taghadh Coitcheann na RA 2024

% cuibhreann den bhòt

Làbaraich: 35%
(+16% atharrachadh bho 2019)



SNP: 30%
(−15% atharrachadh bho 2019)

Libearalaich Dheamocratach: 9.7%
(+0.2% atharrachadh bho 2019)

Consearbhataich: 12.7%
(−12% atharrachadh bho 2019)

Riarachadh shuidheachan ann an Alba a rèir partaidh poilitigeach		
Partaidh	**Àireamh shuidheachan**	**Atharrachadh bho 2019**
Làbarach	37	+36
SNP	9	−39
Libearalach Deamocratach	6	+4
Consearbhatach	5	−1


Ceist 7 (a' leantainn)

STÒR 3

Staitistigean taghte bho Thaghadh Coitcheann na RA 2024

Toradh a rèir àireamh shuidheachan		
Partaidh	**Àireamh shuidheachan**	**Atharrachadh bho 2019**
Làbarach	412	+211
Consearbhatach	121	−251
SNP	9	−39
Reform UK	5	+5
Uaine	4	+3

Toraidhean a thaobh % de bhòtaichean agus de shuidheachain



A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, dè na co-dhùnaidhean a dh'fhaodar a ruighinn mu Thaghadh Choitcheann na RA ann an 2024?

Bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu dheidhinn gach aon de na leanas:

- am partaidh as treasa ann an Alba an dèidh an taghaidh
- coileanadh a' Phartaidh Làbaraich san taghadh ann an 2024 an coimeas ri 2019
- coileanadh a' Phartaidh Chonsearbhataich san taghadh ann an 2024 an coimeas ri 2019
- dè cho co-chuideil 's a bha toraidhean an taghaidh.

Feumaidh na co-dhùnaidhean agad a bhith le taic fianais bho na stòran. Bu chòir dhut fiosrachadh an taobh a-staigh nan stòran agus eadar na stòran a cho-cheangal mar thaic do na co-dhùnaidhean agad.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[Theirig a-nis gu ROINN 2 AIR *duilleag 06*]

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Neo-ionannachd shòisealta	*duilleag 06*
Pàirt D	Eucoir agus an lagh	*duilleag 07*
Ceist 14		*duilleagan 08–10*

PÀIRT C — NEO-IONANNACHD SHÒISEALTA

Nad fhreagairtean airson Ceistean 8, 9 agus 10 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 8

Tha neo-ionannachd san Rìoghachd Aonaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** sheòrsa de neo-ionannachd san Rìoghachd Aonaichte. **4**

Ceist 9

Tha mòran bhuilean aig neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach air teaghlaichean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuil aig neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach air teaghlaichean. **6**

Ceist 10

Tha mòran adhbharan ann airson neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach.

(a) Mìnich, **gu mionaideach**, na h-adhbharan airson neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach. **8**

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt.

NO

Tha an riaghaltas èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach

(b) Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha an riaghaltas èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

[Theirig a-nis gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 08*]

PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

Nad fhreagairtean airson Ceistean 11, 12 agus 13 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 11

Tha cùirtean eucorach san Rìoghachd Aonaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** chùirt eucorach a san Rìoghachd Aonaichte. **4**

Ceist 12

Tha mòran bhuilean aig eucoir airson an neach a tha ciontach.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuil a tha aig eucoir airson an neach a tha ciontach. **6**

Ceist 13

Tha mòran adhbharan ann airson eucoir.

(a) Mìnich, **gu mionaideach**, na h-adhbharan a th' ann airson eucoir.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

NO

Tha an riaghaltas èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir.

(b) Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha an riaghaltas èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

[Theirig a-nis gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 08*]

Ceist 14

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

Tha thu nad chomhairliche do Riaghaltas na h-Alba. Chaidh iarraidh ort moladh a dhèanamh a thaobh cò bu chòir dhaibh a chur an dreuchd mar choimiseanair dhrogaichean ùr gus dèiligeadh ris an duilgheadas dhrogaichean ann an Alba.

Roghainn 1 Cuir Ava Reid an dreuchd	**Roghainn 2** Cuir Graeme Mathieson an dreuchd


STÒR 1

Ava Reid	**Graeme Mathieson**
Ceannard carthannais a tha a' toirt taic do lùghdachadh fèin-mhilleadh bho dhrogaichean. Nan robh mi air mo chur an dreuchd, b' e na prìomhachasan cudromach a bhiodh agam: **Seòmraichean airson gabhail dhrogaichean gu sàbhailte** Bhithinn ag iarraidh a bhith a' cur am meud na h-àireimh de ghoireasan air feadh na dùthcha far am faod daoine drogaichean a ghabhail fo shùil an luchd-obrach mheadaigich. Bhiodh seo a' cuideachadh gus na cunnartan ceangailte ri cleachdadh dhrogaichean a lùghdachadh. **Goireasan cuimsichte** Bhithinn a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cuimseachadh ghoireasan do na sgìrean ùghdarrais ionadail far a bheil an reat de bhàsan ceangailte ri drogaichean aig an ìre as àirde, leithid Crìochan na h-Alba agus Siorrachd Rinn Friù an Ear. **Taic slàinte-inntinn** Tha dùbhlain slàinte-inntinn aig mòran dhaoine a tha a' cleachdadh dhrogaichean. Bhithinn ag amas air piseach a thoirt air a' chothrom a th' aig daoine air comhairleachadh, cùram slàinte-inntinn agus taic shòisealta gus an cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri cleachdadh dhrogaichean. **Prìomhachasan eile** Bhithinn ag iomairt agus a' cur cuideam air riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte a bhith a' dì-eucoireachadh dhrogaichean sònraichte, oir thathar air dearbhadh gu bheil am poileasaidh seo soirbheachail ge b' e càit an deach a chur an gnìomh. Bhithinn ag obair cuideachd leis a' phoileas gus prògraman caisg a leasachadh gus an fheadhainn a tha fo ghrèim dhrogaichean a stiùireadh air falbh bhon t-siostam ceartas eucoirean agus a-steach gu leigheas.	Dotair le 15 bliadhna de dh'eòlas air obair le seirbheisean adicsein. Nan robh mi air mo chur an dreuchd, b' e na prìomhachasan cudromach a bhiodh agam: **Foghlam** Bhithinn a' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd phrògraman foghlaim stèidhichte ann an sgoiltean a tha ag àrdachadh mothachadh a thaobh cunnartan dhrogaichean. **Prògraman leighis** Bhithinn a' dèanamh cinnteach gu bheil prògraman leighis rim faotainn don h-uile duine a tha a' cur feum orra. Bhiodh seo a' cosg mu £80 millean agus bhiodh e a' cuideachadh dhaoine le adicsean a bhith ag ath-shlànachadh agus a bhith beò gu fallain agus gun eucoir. **Taic theaghlaichean** Feumar cobhair a thoirt cuideachd do theaghlaichean a tha air luchd-gaoil a chall mar thoradh air a bhith fo ghrèim dhrogaichean. Bhithinn a' dèanamh cinnteach gum faigh iad an taic a tha a dhìth orra gus am faod iad faighinn thairis air an trioblaid a dh'fhaodadh seo adhbharachadh. **Prìomhachasan eile** Bhithinn a' toirt piseach air a' chothrom a th' aig daoine òga air gnìomhachdan brìoghmhor — leithid spòrs, ceòl agus na h-ealain — gus roghainnean nas fallain a thoirt dhaibh seach cur seachad ùine air na sràidean no faighinn an sàs ann an drogaichean. Bhithinn cuideachd ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh modh-obrach gun fhulangas sam bith do mhì-chleachdadh dhrogaichean.

Ceist 14 (a' leantainn)


STÒR 2

Bàsan ceangailte ri drogaichean gach 100,000 duine a rèir sgìre ùghdarras ionadail thaghte, 2020–2024




Cunntasan-bheachd an t-sluaigh

Am bu chòir modh-obrach a' cleachdadh an lagha a bhith ga chur an gnìomh a thaobh mì-chleachdadh dhrogaichean?



Am bu chòir barrachd taice a bhith ann airson teaghlaichean air a bheil buaidh bho neach a bhith fo ghrèim dhrogaichean?



Ag aontachadh gu mòr
Ag aontachadh
Chan eilear ag aontachadh no ag easaontachadh
Ag easaontachadh
Ag easaontachadh gu mòr

Ceist 14 (a' leantainn)

STÒR 3

AN NAIDHEACHD LÀITHEIL

'Bàsan bho dhrogaichean ann an Alba nas miosa na àite sam bith eile san Roinn Eòrpa'

Ann an 2024, chaidh 1,017 bàsan ceangailte ri drogaichean a chlàradh ann an Alba, 155 nas lugha na a' bhliadhna ron sin. Ach, ann an cuid de sgìrean, leithid Glaschu agus Inbhir Chluaidh, tha reataichean bàis dhrogaichean fhathast nas àirde na an cuibheas Albannach.

Tha Alba air a bhith mar phrìomh-bhaile nam bàsan dhrogaichean san Roinn Eòrpa fad seachd bliadhna ann an sreath a-nis, agus Estòinia san dàrna àite leis an ath reat as àirde às a dèidh. Thathar a' toirt tuairmse gum feumadh an riaghaltas, gus an trioblaid seo fhuasgladh, prògraman leighis a mhaoineachadh aig cosgais £900 millean — figear a tha coltach nach gabh a ruigsinn air sàillibh phrìomhachasan eile.

Tha feadhainn ag argamaid gum biodh modh-obrach a bha a' feuchainn ri fèin-mhilleadh bho dhrogaichean a lùghdachadh nas èifeachdaiche ann a bhith a' dèiligeadh ri duilgheadas dhrogaichean na h-Alba. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach cruthachadh barrachd sheòmraichean air feadh na dùthcha airson drogaichean a ghabhail gu sàbhailte. A bharrachd air sin, tha iad a' creidsinn gum bu chòir barrachd taic a bhith ann do dhaoine a tha a' strì le cùisean slàinte-inntinn.

Sna beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad, ged a thathar air fòcas a chur air foghlam a thoirt do dhaoine òga air na cunnartan a tha an lùib cleachdadh dhrogaichean, tha mòran den bheachd gum feumar barrachd a dhèanamh san raon seo. Nan robhar a' toirt seachad chur-seachadan do dhaoine òga sna coimhearsnachdan aca, bhiodh sin mar dhòigh chudromach, thathar a' creidsinn, gus an cuideachadh a bhith a' dèanamh roghainnean nas fheàrr agus cumail air falbh bho dhrogaichean.

Tha mòran a' dèanamh na h-argamaid gum faodar builean nas deimhinniche fhaighinn, le bhith a' toirt taic do luchd-cleachdaidh dhrogaichean sa choimhearsnachd, aig cosgais ionmhasail nas ìsle don riaghaltas. Dh'fhaodadh am modh-obrach seo a bhith mar phàirt den t-siostam ceartas eucorach, leis an amas a bhith a' stiùireadh luchd-cleachdaidh dhrogaichean air falbh bho phrìosan agus a' toirt barrachd taic dhaibh sa choimhearsnachd.

Tha deasbad leantainneach ann a thaobh dì-eucoireachadh dhrogaichean. Ged a tha beachd ann gu bheil am poileasaidh seo air a bhith soirbheachail ann an cuid de dhùthchannan, thathar air dearbhadh gu bheil e air fàilligeadh ann an àiteachan eile.

Tha e soilleir, ged a thathar air beagan piseach a thoirt air dèiligeadh ri drogaichean ann an Alba, gu bheil dùbhlain mhòra ann fhathast.

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, **an dàrna cuid Ava Reid a chur an dreuchd (Roghainn 1)** no **Graeme Mathieson a chur an dreuchd (Roghainn 2**).

(i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, **dè an roghainn a thaghadh tu**?

(ii) Thoir adhbharan seachad a' cur **taic** ris an roghainn agad.

(iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[Theirig a-nis gu ROINN 3 AIR *duilleag 12*]

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 12*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 13*
Ceist 21		*duilleagan 14–15*

PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

Nad fhreagairtean airson Ceistean 15, 16 agus 17 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid ann an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.

Ceist 15

Anns a h-uile dùthaich chumhachdach, tha riochdairean poilitigeach aig na saoranaich.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** riochdaire poilitigeach a tha aig saoranaich san dùthaich chumhachdaich a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 16

Faodaidh buaidh phoilitigeach a bhith aig dùthchannan cumhachdach air dùthchannan eile.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sa bheil buaidh phoilitigeach aig an dùthaich chumhachdaich a tha thu air sgrùdadh air dùthchannan eile.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 17

Tha cuid a dhaoine nas soirbheachaile gu sòisealta agus gu h-eaconamach na feadhainn eile.

Mìnich, **gu mionaideach, dà** adhbhar gu bheil cuid a dhaoine nas soirbheachaile gu sòisealta **NO** gu h-eaconamach na feadhainn eile.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[Theirig a-nis gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 14*]

PÀIRT F — CÙISEAN AN T-SAOGHAIL

Nad fhreagairtean airson Ceistean 18, 19 agus 20 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid mu chùis san t-saoghal a tha thu air a sgrùdadh.

Ceist 18

Tha iomadh buil bho chòmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta air dùthchannan eile agus na riaghaltasan aca.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuil bho chòmhstri no cùis eadar-nàiseanta a tha thu air a sgrùdadh air dùthchannan eile agus na riaghaltasan aca.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut aithris dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 19

Tha iomadh adhbhar eaconamach ann airson chòmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta.

Thoirt cunntas **mionaideach** air **dà** adhbhar eaconamach airson na còmhstri no na cùise eadar-nàiseanta a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut aithris dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 20

Is tric a bhios oidhirpean dà-thaobhach gan dèanamh gus còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta fhuasgladh.

Mìnich, **gu mionaideach, dà** adhbhar gum bi oidhirpean dà-thaobhach gan dèanamh gus a' chòmhstri no cùis eadar-nàiseanta a tha thu air sgrùdadh fhuasgladh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut aithris dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[Theirig a-nis gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 14*]

Ceist 21

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Pròfaidhl de dh'Astràilia

Tha Astràilia na monarcachd bhun-reachdail agus na pàirt den Cho-fhlaitheas — comann eadar-nàiseanta de leth-cheud 's a sia dùthchannan neo-eisimeileach. Is e Rìgh Teàrlach III ceann-stàite Astràilia, agus e cuideachd na mhonarc air an Rìoghachd Aonaichte. Chan eil e air a thaghadh no air a chur an dreuchd — is e an Rìgh a th' ann agus, mar sin, tha e na cheann-stàite mar chòir-bhreith. Cha toigh le cuid ann an Àstrailia seo, a chionn 's gu bheil an Rìgh Teàrlach na Bhreatannach agus a' fuireach san Rìoghachd Aonaichte. Tha iad a' creidsinn gum bu chòir do dh'Astràilia atharrachadh gu bhith na poblachd, far nach eil monarcachd ann agus far a bheil cumhachd phoilitigeach a' buntainn ris an t-sluagh. Tha iad ag argamaid gu bheil e mì-chothromach ceann-stàite a bhith ann nach eil air a thaghadh no na shaoranach Astràilianach.


San Dàmhair 2024, thadhail Rìgh Teàrlach III air Astràilia agus thuirt e gu bheil e an urra ris na h-Astràilianaich a' co-dhùnadh an cùm an dùthaich oirre mar mhonarcachd bhun-reachdail no an atharraich i gu bhith na poblachd. Mun àm seo, bha rannsachadh beachdan a' phobaill air a' chùis seo a' nochdadh raon farsaing de bharailean. Bha cuid a dhaoine airson 's gum biodh Astràilia na poblachd agus bha iad a' toirt taic do referendum air a' chùis. Ach, ge-tà, b' fheàrr leis a' mhòr-chuid gun cumadh Astràilia a' dol mar mhonarcachd bhun-reachdail.

B' e 1999 an turas mu dheireadh a bhòt Astràilianaich air a' chùis seo, nuair a thagh iad a' mhonarcachd a chumail. Tha cuid den bheachd gum b' e co-dhùnadh aon-turas-nam-beatha a bha seo agus nach bu chòir referendum eile a chumail. Tha iad ag argamaid gum bu chòir do dh'Astràilia fòcas a chur air duilgheadasan a th' ann san latha an-diugh, leithid cion-cosnaidh agus cosgais bith-beò.

STÒR 2

Cunntas-bheachd an t-sluaigh

'A bheil thu a' creidsinn gum bu chòir do dh'Astràilia a' cumail oirre mar mhonarcachd no atharrachadh gu bhith na poblachd?'



STÒR 3

Am bu chòir do dh'Astràilia referendum a chumail a thaobh atharrachadh a bhith na poblachd?

	**Luke** Bha referendum againn ann an 1999, agus bhòt sinn gun cumamaid a' dol mar mhonarcachd bhun-reachdail. Cha bu chòir dhuinn a bhith feumach air bhòtadh air seo a-rithist.
	**Lucia** Bu chòir dhuinn èisteachd ris an Rìgh, a tha ag ràdh gum bu chòir referendum a bhith againn ma tha sinn ga iarraidh.
	**Shane** Bu chòir dhuinn a bhith comasach air saoranach Astràilianach a thaghadh seach Rìgh Breatannach a bhith againn mar cheann-stàite neo-thaghte.
	**Masai** Bu chòir dhuinn a bhith nar poblachd, oir 's e seo a tha an ginealach as òige ag iarraidh agus 's iad an t-àm ri teachd airson Astràilia.
	**Elira** Bu chòir dhuinn dèiligeadh ri cùisean cudromach, leithid cosgaisean dealain a tha a' dol an àird, seach a bhith a' caitheamh ùine a' deasbad am bu chòir do dh'Astràilia atharrachadh gu bhith na poblachd.
	**Tara** Tha an Teaghlach Rìoghail fìor inntinneach — is caomh leam a bhith a' coimhead nam bainnsean rìoghail air an telebhisean agus a' ceannach nan cuimhneachan!
	**Alf** Leis gu bheil Astràilia na monarcachd bhun-reachdail agus gu bheil an t-aon cheann-stàite aice 's a tha aig an Rìoghachd Aonaichte, tha sin a' toirt dhomh faireachdainn de thèarainteachd. 'S e seo beachd mòran sheann daoine coltach rium fhìn.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, thoir adhbharan seachad airson **taic** a thoirt do bheachd Lily Robertson agus airson **cur an aghaidh** a beachd-se.

Bu chòir referendum a bhith ann a thaobh am bu chòir do dh'Astràilia a bhith na poblachd.

Beachd Lily Robertson

Nad fhreagairt, **feumaidh** tu:

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' toirt taic do bheachd Lily Robertson

AGUS

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' cur an-aghaidh beachd Lily Robertson.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO